



# Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

## Cuairt-litir 15

### Lùnastal 2009



#### Fàilte air ais

Bu toil le Luchd-obrach BSGI fàilte a chur air sgoilearan is pàrantan uile aig toiseach seisein ùr. Tha sinn gu h-àraid a' cur fàilte chridheil air na sgoilearan ùr san sgoil-àraich agus an teaghlaichean. Bha a' chiad sheachdain fìor mhath agus tha clann air a bhith a' cur eòlas air tidsearan, caraidean is luchd-obrach. Tha clasaichean uile air a bhith a' leasachadh deagh ghiùlan agus na riaghailtean sgoile againn. Bidh sinn a' cur riaghailtean na sgoile dhachaigh is chuireamaid luach air fios air ais bho phàrantan.

#### Comhairle nam Pàrant

Fàilte chridheil air ais chun a h-uile sgoilear is pàrant gu BSGI. Tha Comhairle nam Pàrant an dòchas gun robh làithean saora sgoinneil agaibh uile. Bu mhath leinn fàilte shònraichte a chur air pàrantan agus clann a tha air ùr thoiseachadh san sgoil. Tha sinn an dòchas gun cord an sgoil ribh is gun ionnsaich sibh mòran nithean agus deagh Ghàidhlig sna bliadhnachan a tha romhaibh.

Bidh coinneamh de Fhòram nam Pàrantan ann am BSGI air Diardaoin 27 Lùnastal aig 7.30f. An luib na coinneimh bidh taisbeanaidhean fiosrachail, greimeagan-bìdh is deoch agus cothrom coinneachadh ri Comhairle nam Pàrant, an Ceannard agus pàrantan eile. Feuch gun tig sibh ann.

#### Coinneamh Mhinistreibh

Bidh Mgr Mìcheal Russell, Ministear a' Chultair, Chùisean Taoibh A-muigh agus a' Bhun-reachd, a' tadhal air an sgoil air Dimàirt 25 Lùnastal, 2009.

#### Club Ruith - P4-P7

Tha a' chiad sheisean trèanaidh air Diardaoin 27 Lùnastal 3.15 - 4.15.

#### Sàbhailteachd sa Chàr-phàirc

Tha Oifigearan Sàbhailteachd Rathaid na h-Òigridh agus Comhairle nam Pàrant ag obair còmhla gus ath-bhreithneachadh air sàbhailteachd ann an càr-phàirc na sgoile. Chuireadh sgoilearan fàilte air fios bho phàrantan agus bidh iad a' sgrùdadh nam beachdan agaibh is a' sireadh mholaidhean. Mholamaid gun deidheadh coin a chumail ann an càraichean oir tha eagal aig tòrr chloinne rompa.

#### BLAS

Tha buidheann de na sgoilearan as sine a' dèanamh taisbeanadh aig fèis BLAS aig BSGI air Dimàirt 8 Sultain aig 7:30f. Faodar tiogaidean a cheannach bho Angela Cran air 01463 711603.

#### Liosta-sgrùdaidh - cuimhnich!

- Dèan cinnteach gun tig clann don sgoil le botal uisge;
- Cuir bileag-ainme air gach pìos aodaich;
- Tha feum air briogais-ghoirid, lèine-t is brògan spòrs airson leasain P.E;
- Gabh greimeag fhallain aig àm-cluiche.



Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis  
Cuairt-litir 15  
Lùnastal 2009

---

